

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 10 | 2015 | AN DAMHAIR

## Facal Toisich

Nuair a bhios coitheanal gun mhinistear, bidh sinn ag ràdh gu bheil e *bàn*. Bidh am facal *bàn* a' toirt oirnn smaoineachadh gu bheil e falamh no neo-thorrach. Bidh pìos talmhainn air fhàgail *bàn*, gun a threabhadh, airson cothrom a thoirt dha fois a ghabhail ach an giùlain e barrachd toraidh an ath bhliadhna. Ged a bhios sgìre *bàn*, chan eil sin a' ciallachadh gu bheil obair na h-Eaglais air stad.

Air feadh Eaglais na h-Alba tha barrachd choitheanalan gun mhinistear suidhichte na tha air tachairt bho chionn iomadach bliadhna. Ach ann an dòigh chan e suidheachadh ùr a tha seo. Tha an Eaglais air coinneachadh ri duilgheadasan mar seo 'na h-eachdraidh. Bha am Fear-deasachaidh naodh bliadhna deug 'na mhinistear ann an Clèir Uibhist. Anns na bliadhnan sin, le ministearan a' gluasad agus feadhainn eile a' leigeil dhiùbh an dreuchd, cha chreid mi gu robh ach mu shìa seachdainean nach robh coitheanal air choireigin, no 's dòcha a dhà no trì, nach robh *bàn*.

Far a bheil sgìr gun mhinistear gan stiùireadh bidh iomadh neach anns a' choitheanal, eildearan, buill agus luchd-leantainn, a bhios a' dèanamh an d'ichill airson an obair a chumail a' dol o Shàbaid gu Sàbaid agus o sheachdain gu seachdain. Bidh teachdairean ann, gu tric ministearan a tha air uallach coitheanail a leigeil dhiùbh, a bhios deònach seirbheisean a ghabhail. Uaireannan ma thadhlas tu air sgìr a tha *bàn*, chan aithnicheadh tu gur ann mar sin a tha iad a chionn gu bheil obair an t-Soisgeil a' cumail air adhart gu dìleas. Ged a tha an coitheanal *bàn*, tha an treabhadh agus cur an t-sil ga dhèanamh gu cunbhalach.

Bha amannan eile ann nuair a bha cùisean a' coimhead dorcha a thaobh àireamh nam ministearan, ach an ceann ùine thàinig piseach air cùisean. 'S e ar dùrachd agus ar n-ùrnaigh gun tachair sin nar latha-ne cuideachd.

**Beannachd Dhè dhuibh uile,  
Ruairidh MacLeòid.**



Seo eaglais Dhùn Dhòmhnail ann an siorrachd Rois. Tha sgìr Ghearrloch agus sgìr Dhùn Dhòmhnail an-diugh ceangailte ri chèile. Tha an sgìr seo air tè den fheadhainn air feadh na dùthcha a tha *bàn* aig an àm seo. Tha an coitheanal gun mhinistear bho leig an t-Urr. Derek Moireasdan dheth uallach na h-obrach ann an 2013. Tha sinn an dòchas gun tèid na beàrnan a lionadh beag is beag.

## Cùil nan Ceist

Bha sinn a' smaoineachadh air coitheanalan a bhith *bàn*. An turas seo tha sinn a' cur cheist oirbh mu rudan anns a' Bhìoball a tha falamh. Tha freagairt nan ceist air an duilleig chùil.

1. Cò na daoine a thill le soithichean falamh? (Jeremiah, caibideil 14.)
2. Lìon a' bheàrn seo – “Chuir E air falbh na daoine ——— falamh.” (Lùcas, caibideil 1.)
3. Cò a chaidh a thilgeil ann an sloc falamh anns nach robh uisge? (Genesis, caibideil 37.)
4. Cò a thubhairt ri Daibhidh gum biodh 'àite-suidhe falamh? (1 Sàmuel, caibideil 20.)

# Càirdean – 1

Tha faclan ann, agus tha seòrsa de bhlàths agus de dhoimhneachd annta nuair a chluinneas sinn iad. Gabh, mar eisimpleir, am facal *caraid*. Far a bheil am Fear-deasachaidh a' fuireach bidh daoine a' cleachdadh an fhacail anns a' Bheurla airson cuideigin a tha càirdeach dhut a thaobh na feòla, chan e a-mhàin cuideigin air a bheil deagh eòlas agad.

'S ann air an fhacal sin a bhios sinn a' beachdachadh anns an t-sreath seo de sgrìobhaidhean.

Dè am mìneachadh a tha againn air an fhacal *caraid*, fìor charaid no bana-charaid, caraid dìleas? Tha facal ann, *Is math an sgàthan sùil caraid*. Ann an sgàthan chì sinn ar n-aodann dìreach mar a tha e. Chan eil dad air fhalach, chithear gach preas is spot is gaiseadh. Far a bheil fìor charaid innsidh e no i dhuinn cùisean dìreach mar a tha iad. Ma tha sinn a' dèanamh rud-eigin a tha iadsan a' smaoinneachadh a tha ceàrr no cunnartach, cha cheil fìor charaid a bheachd. Ach tha iad mar a tha an t-abstol Pòl ga chur, *a' labhairt na fìrinn ann an gràdh*.

Ann an Leabhar an Taisbeanaidh, anns an darna caibideil agus anns an treas caibideil, tha losa mar gum biodh E a' sgrìobhadh litrichean chun nan seachd eaglaisean anns an Asia. Tha E a' coimhead air na coitheanalan sin le sùil caraid, a tha a' rannsachadh a' chridhe a bharrachd air a bhith a' coimhead air coltas an leth a-muigh. Far a bheil rudan ionmholta ann am beatha gach eaglais, tha E airson na rudan sin a neartachadh agus a mhisneachadh. Agus far a bheil rudan nach eil cho cneasta tha E airson gun tèid na rudan sin a sguabadh às.

Is aithne dha gach nì mu ar timcheall, na rudan matha agus na rudan nach eil cho math, ach mar charaid dìleas tha E fhathast gar gràdhachadh.

## Leabhraichean

Tha Comann Eachdraidh na h-Eaglais ann an Alba air aithisgean luachmhor a thoirt am follais bho chaidh a stèidheachadh ann an 1922. Tha iad a-nis air dà fhichead leabhar agus còig fhoillseachadh. Anns a h-uile leabhar tha pàipear no dhà ann a bhios tarraingeach do leughadairean aig a bheil ùidh ann an eachdraidh na h-eaglais air a' Ghàidhealtachd.

Tha Frang Bardgett a' toirt dhuinn seallaidh air leth fìosrach agus mionaideach mu choimhstrith ann an Eaglais na h-Alba ann an Srath Spè. Ann an 1886 bha coitheanal Chrombail bàn agus b'ann mun deasbad a dh'èirich nuair a chaidh ministear ùr a thaghadh a tha an aithisg seo. Ged a bha an sgrìobhadh gun mhinistear o 1886 cha robh am ministear ùr, an t-Urr. Iain MacComhghain, air a phòsadh ris a' choitheanal gu 1889. Bha esan air a bhith faisg air còig bliadhna 'na mhinistear anns a' Ghearasdan. Anns an linn sin bhuineadh a' chuid mhòr de shluagh Chrombail don Eaglais Stèidhte, agus bhiodh seirbheisean Gàidhlig air an cumail anns an sgrìobhadh. Ged a bha deasbadan anns an sgrìobhadh

## Cuimhneachan air Iain an Obain

Sgrìobh an t-Urr. Iain MacLeòid iomadh facal ann an Gàidhlig ann an rosg agus ann am bàrdachd. Aig Mòd Nàiseanta Inbhir Nis an-uiridh bha tachartas ann anns an robh na sgrìobhaidhean aig Iain air an cleachdadh agus bidh seo air fhoillseachadh a-rithist aig Mòd an Obain air a' mhìos seo. Ag ullachadh a' cho-chruinneachaidh tha Eric Spence am fear-ciùil a chuir fuinn air na dàin aig Mgr. MacLeòid, leithid, *Thoir dhomh do làmh* agus *'Nam aonar le mo smaointean*. 'S e *Bantrach Cogaidh* an tiodal a tha air an tachartas, an t-ainm air pios bàrdachd drùidhteach a sgrìobh Iain. Bha 'athair air fear den fheadhainn a chaidh a bhàthadh nuair a bhuail an *lolaire* air Biastan Thuilm air madainn na bliadhna ùire 1919.

## Facal aig Comanachadh

Aig seirbheis Ghàidhlig anns an Oban anns an t-Samhain 1992 agus an Comanachadh ga fhrithealadh, thubhairt an t-Urr. Iain MacLeòid, "Le sùil a' chuirp chan fhaic sinn ach aran agus fion, ach le sùil a' chreidimh tha sinn a' cuimhneachadh agus a' faicinn losa a' coileanadh nar n-àite nan cùmhnantan agus nam bòidean nach b'urrainn dhuinne a chumail."

## Seirbheis a' Mhòid

Bidh seirbheis-fhosglaidh a' Mhòid Nàiseanta air a cumail ann an Eaglais na Sgìre anns an Oban air Didomhnaich, an t-aona latha deug den Dàmhair aig trì uairean feasgar. A' searmonachadh aig an t-seirbheis shònraichte seo bidh Moderàtor an Ard-sheanaidh, an t-Oll. Urr. Aonghas Moireasdan, a bha e fhèin 'na mhinistear anns an Eaglais Shaoir Chlèirich anns an Oban eadar 1979 agus 1983 agus far an do rinn a phàrantan an dachaigh. Bidh an t-seirbheis air a

### Records of the Scottish Church History Society. Leabhar XLIV.

chuir an t-Urr. Iain MacComhghain seachad an corr de a mhinistrealachd ann an Crombail. Chuir e làithean saora seachad ann an Canada agus nuair a thill e thug e òraid seachad don choitheanal mu a thuras a chòrd riu.

Tha Harry Sprange a' sgrìobhadh anns an iris seo mun àite a bha aig òigrìdh ann an dùsgaidhean spioradail ann an Alba, gu h-àraidh anns an naodhamh linn deug. Tha e a' toirt iomraidh air na dùsgaidhean a thàinig an lùib obair nan Sgoiltean Gàidhlig ann an Leòdhas agus anns an Eilean Sgitheanach. Tha e ag innse mu Cheit Nic a' Ghobhainn, an nighean bheag à eilean Phabaigh ann an Leòdhas nach robh riamh ann an eaglais, ach a bha cumhachdach ann an ùrnaigh ged nach robh i ach naodh nuair a dh'eug i. Tha Sprange a' sgrìobhadh mu dheugairean a chaidh iompachadh ann an dùsgaidhean ann an Leòdhas ann an 1939 agus anns na h-eileanan eadar 1949 agus 1952,

Tha sinn fo fhìachan don Chomann seo airson na thugadh dhuinn de sgrìobhaidhean inntinneach bho chaidh a' cheud leabhar a chur an clò.

craoladh beò air Ràdio nan Gàidheal. Tha an còmhnaidh coitheanal math an làthair aig seirbheis-fhosglaidh a' Mhòid.



Tha ceithir fichead bliadhna agus còig bho dh'fhàg an sluagh eilean Hirt. Thog am Fear-deasachaidh an dealbh seo nuair a bha e air chuairt chun an eilein còig bliadhna air ais. Chì sibh anns an dealbh nithean sean agus nithean nuadha. Tha na caoraich agus na cleitean agus na stùcan mar a bha iad o chian nuair a bha sluagh air an eilean agus chìthear cuideachd na togalaichean a thog an t-arm nuair a bha iadsan a' dèanamh feum den eilean agus rocaidean gan losgadh ann an Uibhist a Deas. Chaidh na *Smuaintean* a chuir an t-Oll. Urr. Iain D. Caimbeul air clàr ann an *Hiort bho chionn còig bliadhna a chraoladh as-ùr anns an Lùnasdal*.

## Searmon

*Thàinig i am measg an t-sluaigh o chùlaibh, agus bhean i ra aodach.* (Marcus 5:28)

Bha am Proifeasair A. J. Gossip air searmonaiche cho iomraiteach agus a bha beò ann an Alba aig toiseach na ficheadamh linn. Thàinig leabhraichean a-mach le cruinneachadh de na searmoinean aige a bhios daoine fhathast a' leughadh. Bha alt aige ann a bhith a' taghadh ainm air na leabhraichean agus air na searmoinean a bha a' glacadh aire an luchd-leughaidh.

'S e an tiotal a tha air fear de na leabhraichean aig Gossip, ma chuireas sinn ann an Gàidhlig e, *O iomall an t-sluaigh*. Sin an t-ainm a

thug e air fear de na searmoinean anns an leabhar, mun bhoireannach a thàinig gu losa o iomall an t-sluaigh.

Chan eil fios againn cò i, am boireannach gun ainm a bha seo, ach tha fios againn gu robh i bliadhnachan mòra a' fulang le tinneas dòrainneach. Chosg i na bha aice de dh'airgead air dotair an dèidh dotair, ach cha robh dad a b'urrainn dhaibh a dhèanamh air a son.

Bha i air a fàgail gun neart, gun sgillinn airgid, ach cha robh i gun dòchas.

Bha i air cluinntinn mu losa o Nàsaret. Cha b'e boillsgeadh beag dòchais a bha seo, an cothrom mu dheireadh, mar gum biodh, ach 's e a bha seo soillse na grèine dhìse. Cha robh Daibhidh a' dol gu Dia ann an ùrnaigh nuair a bha a h-uile nì eile a' dol 'na aghaidh. 'S e ùrnaigh a' cheud rud a bha a' tighinn gu 'inntinn. Bha ùrnaigh cho nàdarra dha ri bhith a' tarraing analach.

Chan eil fios againn cò a dh'innis don boireannach seo mu losa, ach rinn iad gnìomh coibhneil. Agus nach ann mar sin a bha naidheachd mhath na slàinte ga sgaoileadh o thùs, o neach gu neach, an darna duine ag innse don duine eile? Cha robh na h-innealan craobh-sgaoilidh ann a tha againne an-diugh. Ach seo dòigh cho èifeachdach agus a tha ann airson an Soisgeul a sgaoileadh. "Thig agus faic," thubhairt Philip ri a charaid Natànael agus e ag innse dha mu losa.

Bha am boireannach ann an soisgeul Mharcuis air cluinntinn mu losa agus mun chumhachd a bha 'na làimh, cumhachd leigheis, cumhachd teàrnaidh. Seall cho mòr agus a bha a creideamh. Cha robh aice ach beantainn ri iomall 'aodaich agus bhiodh i air a dèanamh slàn.

Rinn i a slighe o iomall an t-sluaigh gus an do ràinig i losa agus chuir i a làmh air 'aodach. *Dh'aithnich i air a corp fhèin gun do leighiseadh i on phlàigh sin*, tha Marcus a' sgrìobhadh. Thuig losa cuideachd gu robh nì mòr air tachairt. *Agus dh'aithnich losa air ball ann fhèin gun deachaidh cumhachd a-mach às*.

*Cò a bhean rium?* ars losa. Bha na deisciobail fo iongnadh. Bha an sluagh ga chuartachadh o gach taobh, a' suathadh ann. Ach 's e a bha an seo tè a bhean ris le creideamh agus dòchas. Gu critheanach thàinig i air adhart agus chuala i faclan misneachail, *A nighean, shlànaich do chreideamh thu; imich ann an sith, agus bi slàn od phlàigh*.

## Gàidhlig Shìmplidh



Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "A Dhia, is Tu mo Dhia-sa, gu moch iarraidh mi Thu." Sin mar a tha an treas

salm thar an trì fichead a' fosgladh. (Salm 63:1) Bha Daibhidh airson a bhith a' tòiseachadh an latha le Dia. Tràth gach madainn bhiodh e ag ùrnaigh ri Dia, Tha am Bioball ag ràdh gu bheil e glic a bhith ag iarraidh an Tighearna gu moch, ann am madainn an latha, nuair a tha sinn òg. Ach òg no sean, tha Dia gar gairm agus gar cuireadh. Nuair a bha losa air an talamh thàinig a' chlann da ionnsaigh. Bha seann duine ann cuideachd a chreid ann mar Shlànaighear.



A h-uile bliadhna tha leabhraichean ùra a' tighinn a-mach ann an Gàidhlig. Tha feadhainn dhiùbh ann an rosg

agus feadhainn eile ann an bàrdachd. Bidh daoine a' sgrìobhadh mu eachdraidh am beatha. Tha mòran leabhraichean againn le searmoinean Gàidhlig. Tha leabhraichean ann do chloinn agus leabhraichean do dh'inbhich. Tha leabhar prìseil againn a-nis le ceud pios bàrdachd a chaidh a dhèanamh aig àm a' Chogaidh Mhòir. Tha Gàidheil a' cur luach air leabhraichean Gàidhlig le laoidhean. Chaidh iomadh laoidh Bheurla eadar-theangachadh gu Gàidhlig na h-Alba.



Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Chan fhacas a' mhuc riamh gun chabhaig oirre." (The pig was never

seen but in a hurry.) Thubhairt losa gu bheil iomadh rud a dh'fhòghlamas sinn o bheathaichean na machrach agus o eunlaith an adhair. Tric chì sinn mucan a' gluasad gu luath. Ach tha taobh eile ann. Uaireannan chì sinn mucan 'nan cadal. Tha fios aca gu bheil amannan ann nuair a dh'fheumas sinn cabhag a dhèanamh. Ach tha feum againn air fois a ghabhail cuideachd. Chan urrainn dhuinn a bhith nar cabhaig an còmhnaidh. Agus chan urrainn dhuinn a bhith nar tàmh an còmhnaidh.



A' coimhead a-mach air an uinneig an-diugh tha an loch aig fois.

Tha beagan grèine ann ged a tha sgòthan ann cuideachd. 'S toigh leam a bhith a' faicinn nan eun a bhios anns a' chladach. Bidh feadhainn dhiùbh a' tighinn air tìr airson biadh fhaighinn. A rèir muinntir na side bidh latha brèagha eile againn a-màireach. Ach tha iad ag ràdh nach bi an t-side cho math an ceann dà latha. Ach feumaidh sinn cothrom a ghabhail air a h-uile seòrsa side. An-dè bha latha teth ann. Cha bhì daoine fada a' gearan gu bheil cus teas ann. Chan eil sinn furasda a riarachadh.

# AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

## Thall 's a-Bhos

### RANN

*Nan tuiginn do ghuth air chòir,  
'S gun leanainn seòl do bhriathran,  
Nam faicinn an sealladh gu lèir  
'S gun glacainn do sgeul gun fhiaradh,  
Nan seasainn rid thaobh gu dlùth  
'S gun cluinninn guth ciùin gam iarraidh  
Am b'urrainn mi teicheadh lem fheum  
'S mo chridh agad fhèin gu sìorraidh?*

B'è Seumas MacThòmais (1888-1971) a' cheud bhàrd a chaidh a chrùnadh aig a' Mhòd Nàiseanta. Bha sin ann an 1923. Bha e a' teagasg ann an sgoil MhicNeacail ann an Steòrnabhagh agus bha e a-rithist os cionn sgoil Phabail anns an Rubha. B'esan athair a' bhàird, Ruairidh MacThòmais. Bha taobh làidir spioradail air a' bhàrdachd aig MacThòmais mar a chithear anns an dàn seo.

### AIR A' BHOCSA

Tha an luchd-amhairc a' dèanamh toileachaidh ris na seirbheisean a chithear air *Alba*. Tha bliadhnachan bho chaidh na seirbheisean sin a chraoladh an toiseach air *Ar n-Aran Làitheil*. Tha am facal ag ràdh nach bu mhisde deagh naidheachd a bhith air a thairis an darna turas, agus tha sin fìor mu na prògraman tlachdmhor seo.

### SEARMON SONRAICHTE

Ann an 1875 chaidh an leabhar-latha aig an Urr. Seumas Caldair, a bha 'na mhinistear ann an Cròidh anns an ochdamh linn deug, a chur an clò. Tha e a' toirt iomraidh air searmoinean a chuala e aig ministearan eile. Air Disathairne an siathamh latha den luchar 1765 bha e aig seirbheis ullachaidh ron Chomanachadh ann an Ruigh Sholais. Air ceann an adhradh bha an t-Urr. Eachann MacPhàil, ministear na sgìre. Tha Maighistir Seumas ag innse 'na leabhar-latha gun tug MacPhàil seachad searmon air leth freagarrach airson an latha air Eòin 3:16.

### FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh air an duilleig-aghaidh mu rudan falamh anns a' Bhìoball. 1. Na h-uaislean. 2. —saidhbhir— 3. Iòseph. 4. Ionatan.

### ADHBHAR GAIRE

Bha trusgan eadar-dhealaichte air a' mhinistear anns a' chùbaid an t-Sàbaid a bha seo. Dh'fhaighnich e do chloinn na Sgoil Shàbaid an robh aodach diofraichte air. Thog fear de na balaich a làmh agus thubhairt e, "Tha". "Dè a tha eadar-dhealaichte ma dhèidhinn?" ars am ministear. "Chan eil fios agamsa," ars am fear òg. "Carson a thog thu do làmh, ma tha?" thubhairt am ministear. "Cha robh sibh air faighneachd dhuinn mur biodh e eadar-dhealaichte," fhreagair an gille.

## Urnaigh

A Dhè nan ràithean,

moladh dhut airson beannachdan an fhoghair.

Tha sinn a' toirt taing dhut

airson maise a' chruthachaidh,

airson nan dathan eadar-dhealaichte

a chì sinn anns na h-achaidhean agus anns na coilltean.

Moladh dhut airson nan rudan nach atharraich:

*Tha am feur a' seargadh,*

*am blàth a' crionadh,*

*ach seasaidh facal ar Dè-ne gu sìorraidh.*

**Amen**

**An dealbh air an an duilleig-aghaidh:**  
**Fhuair muinntir nan eilean cosnadh math o obair na feamad anns na bliadhnachan an dèidh a' chogaidh mu dheireadh.**  
**Chì sibh an seo pocannan den fhùdar a thàinig on fheamainn gan cur air bòrd bàta ann an Uibhist a bheireadh iad gu factoraidh eile airson a bhith ga chur gu feum ann an iomadh stuth feumail.**  
**Anns an naodhamh linn deug bha obair na ceilp cudthromach.**  
**Ann an 1837 bha ceithir cheud teaghlach ann an Uibhist a Tuath an crochadh air obair na ceilp, a' cosnadh ceithir notaichean gach teaghlach eadar an t-Og-mhios agus an Lùnasdal.**